

Le creidimh's le gradh ann ar eridh bheir sinn cliu dha,
 Le naire cha diullt sinn an ofrail thoirt uainn.
 O seideadh an anail tha glan agus cubhraidh,
 Le'n cuirear as ur a chruit-chiuil ann am fuaim !
 O duisgibh o'r mairneal, a shaltair 'sa chlarsach !
 Gu seinneadhmid dhasan gu blath chridheach binn !
 O thigeadh le solas na sruthanan beo
 Bheir air aois agus oige bhi comhla a seinn !

Ge b' ait leinn bhi comhradh le ccol air a ghaolsan,
 An gaol rinn e thaomadh cho saor oirn a nuas ;
 Cha'm eil anns an t-saoghal do labhradh aig daoine,
 No chainnt a chraobhsgaoileas an gaol tha doluaidh !
 Ged thuiteas na sleibhteas 's am bunait ged gheilleas,
 Cha diobair o' threudsan an speis thug e dhuinn ;
 Da'r'n anma cia adhmhor, a gheallanna grasmhor ;
 'S na comharan graidh tha e pairteachadh ruinn.

An t-anam da'm bi e na bheatha 's na shlainnte,
 Ni eile na dhailsan cha sasuich a mhiann ;
 Is esan ar Carruig bhuan dhaingean nach gluaisear
 Le ataireachd stuagh no le buaireas nan sion :
 'Se ainmsan na aonar, ar tearmunn 's ar saorsa,
 O'n fheirg tha ri taomadh air saoghal gun ghras :
 Cha diobair e shluagh, bheir e tuille is buaidh dhuinn,
 Air cumhachd na h-uaighe 's air uamhas a bhais.

Ged thuiteas na cuirp so do'n duslach mar bha iad,
 Fuidh chumhachd a bhais mar an graine fuidh 'n fhoid ;
 Neo-thruaillidh 's neo-bhasmhor grad dhuisgear an
 aird iad,
 Gun chumhachd aig uaigh no aig bas orr' ni 's mo ;
 Le guth an ard Aingeil—le seideadh na trompaid,
 Am priobadh na sul theid an dusgadh a' suain :
 Bheir Iosa ga Chuirt na bha riamh anns a chumhnant,
 A mhealtuinn a Chruin 's an Ieruseleim nuadh.